

The Free Presbyterian Magazine

An Earrann Ghàidhlig

Thug thu bratach dhaibhsan don eagal thu,
gu bhith air a togail suas air sgàth na firinn Salm 60:4

EARRACH 2016

Na h-Eilthirich

Tha e follaiseach gu bheil an àireamh de dh'eilthirich 's de dh'fhògarraich a tha ag iarraidh tighinn a dh'fhuireach san Roinn-Eòrpa nas motha na bha i riamh. Tha a' mhòr-chuid dhiubh nan luchd-leanmhainn aig Mohammad agus bu chòir siud a bhith na adhbhar-eagail dhuinn co-dhiù, ge b' e dè cho truagh agus searbh 's a tha na trioblaidean a bh' aca nan dùthchannan fhèin.

Ach, tha truas againn ri daoine a tha a' fulang agus airson an cuid chloinne gu sònraichte. Bha clann Israel nam fògarraich ann an Tìr na h-Èipheit agus, a rèir lagh Mhaois, bu chòir dhaibh fàilte is furan a chur air coigrich agus b' urrainn coigrich a thighinn a-steach nam measg nan robh iad deònach gabhail ri Dia Israeil ann a bhith a' cumail ri adhradh is lagh Dhè. Dh'fheumadh iad fàs coltach ri clann Israeil fhèin, mar

gum biodh iad air an uchd-mhacachadh a-steach nam broinn. Leis a sin, bu chòir àite-fasgaidh a bhith ann am Breatainn do dhaoine a tha a' fulang geur-leanmhainn airson na còrach agus daoine a tha ag iarraidh a bhith a' gabhail ri creideamh na Crìosdalachd. Ach 's e sin an dearbh nì nach eil mòran den fheadhainn a tha ag iarraidh a dh'fhuireach an seo deònach a dhèanamh. Agus ma thig de luchd-aideachaidh saobh-chreideamhan a-steach mar thuil, chan eil teagamh ann nach atharraich iad an dùthaich gu tur mu dheireadh thall. Cha mhòr nach robh an soisgeul anns a h-uile àite far a bheil an creideamh Mohamadanach làidir an-diugh. Agus, leis a sin, chan eil sinn ag iarraidh gum bi ar dùthaich-ne a' fàs cosmhail ris na h-àitean sin.

Chan urrainn dhuinn ach làmh a' Chruitheir fhaicinn sa ghnothach seo agus cha chreid sinn nach ann am breitheanas a tha E ag obair. Chuir sinn cùl Ris-san agus tha Esan gar fàgail leinn fhìn nas motha is nas motha. Is cinnteach, ma-ta, gu bheil luchd-riaghlaidh agus mòr-shluagh Bhreatainn 's na Roinn Eòrpa air an dalladh gu h-uabhasach. Chan eil còir aig daoine tighinn don rìoghachd seo mur eil iad deònach gabhail ri ar dòighean 's ri ar cleachdanan. Cha ghabh comann sam bith a bhith eadar an creideamh Mohamadanach agus an creideamh Crìosdail gu bràth; mar a thuirt Crìosd fhèin, "An tì nach eil leam, tha e am aghaidh; agus an tì nach cruinnich leam, sgapaidh e" (Mata 12:30).

Chan eil sinn ag ràdh nach bu chòir dhuinn cuideachadh is cobhair a thoirt don fheadhainn a tha a' fulang nithean eagalach ann an Siria agus àitean eile ach dh'fhaodamaid taic a thoirt dhaibh thall sna dùthchannan a tha mun cuairt orra siud. Agus bu chòir do na dùthchannan Arabach mòran dhiubh a thoirt a-steach. Ach nach eil e ag innse dhuinn sgeul annasach fhèin mur eil iad ag iarraidh fuireach ann an dùthchannan Mohamadanach? Is fhèarr leotha a bhith ann an àitean far a bheil saors' agus beairteas ri fhaotainn. Càit a bheil siud? Dìreach sna dùthchannan far am bu làidire a' Chrìosdalachd, agus an Eaglais Phròsdanach gu h-àraidh. Nach eil sin fhèin ag innse dhuinn cò e an t-aon chreideamh fìrinneach a th' ann?

Glòir Chrann-Ceusaidh Chrìosd

Leis an Urr. Iain MacLabhrainn (1693-1754)

Ach nar leigeadh Dia gun dèanainn-sa uaill ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Ìosa Crìosd, tre a bheil an saoghal air a cheusadh dhòmhsa, agus mise don t-saoghal" (Galatianacha 6:14).

Anns a' chomh-theagasg, tha an t-Abstol ag innseadh do na Galatianaich ciod e anns an robh luchd-teagaisg brèige àraidh a' deanamh uaill, agus ciod anns an robh e fhèin a' deanamh uaill. Bha càch a' deanamh uaill ann an seann deasghnathaibh lagha nan Iudhach, nach robh ach nan sgàilean a-mhàin; bha esan a' deanamh uaill ann an crann-ceusaidh Chrìosd, brìgh nan sgàilean ud. B' aithne dha-san gun robh e 'cur

masladh air Crìosd a bhith nis a' cur an urram air na sgàilean ud a bhuineadh dhaibh roimh laimh, air don chuspair air an robh iad nan sàmhladh a bhith nis air fhoillseachadh. Uimse sin, tha le mòr eud a' cur cùl riutha agus aig an àm cheudna, ri uaill anns a' chuspair bheannaichte ud a b'e crìoch nansgàilean a bhith samhachadh: "Nar leigeadh Dia gun dèanainn-sa uaill ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Ìosa Crìosd, tre a bheil an saoghal air a cheusadh dhòmhsa, agus mise don t-saoghal."

Anns a' cheann-teagaisg, tha an t-Abstol a' feuchainn dhuinn an t-àrd mheas a bh'aige air crann-ceusaidh Chrìosd, mar an nì sin às an robh e a' deanamh uaill – agus a' bhuidh chumhachdach a bh' aige air 'inntinn, mar an nì sin leis an robh an saoghal air cheusadh dha-san, agus esan don t-saoghal

Anns na sgrìobtairean, tha crann-ceusaidh Chrìosd air uairibh a' ciallachadh fulangais a phobail air a sgàth-san agus air uairibh eile fulangais Chrìosd air an son-san. Mar is e an seadh mu dheireadh seadh sònraichte agus ro nadarra nam briathran, tha aobhar a bhith co-dhunadh gur e sin an seadh a th'aig an Abstol 'san amharc. Is e seo seadh nam brithran anns an dara ran deug den chaibidil seo, a tha a' labhairt mu gheur-leanmhainn aison crann-ceusaidh Chrìosd, sin ri ràdh, airson teagasg a' chroinn-cheusaidh. Os bàrr, tha e dearbhta nach iad ar fulangais fèin ach fulangais Chrìosd anns am bheil sin gu h-àraidh ri uaill a dheanamh thar gach nì eile. Chan iad ar fulangais fhèin ach fulangais Chrìosd a bheir caitheamh-às ar

truaidheachd agus a cheusas an saoghal dhuinne agus sinn don t-saoghal.

Tha crann-ceusaidh Chrìosd anns an rann seo a' ciallachadh, chan e 'bhàs a-mhàin ach an t-iomlan dha irioslachadh, neo an t-iomlan de fhulangais a bheatha agus a bhàs a bhith air an làn-choimhlionadh ann am fulangais a chroinn-ceusaidh. Tha an t-Abstol an seo agus an àitibh eile ag ainmeachadh a chroinn-ceusaidh gu bhith cur an cùimhne modh a bhàs agus gu bhith neartachadh nar n-inntinnean na druighidhean a rinn fèin irioslachd a bhàs ud oirrn, neo bu choir dha dheanamh oirrn. Gum fuilingeadh ùghdar na saorsa, bàs tràill, gum fuilingeadh tobar gach urram doimhneach gach masladh, gum biodh am peanas a b' abhaist a bhith air a dheanamh air na peacaidh a bu dìmeasaiche, airson na droch-bheart a' antromaiche, air a leagadh airn an neach a b'urrmaiche d'am bu chomas fulang – is e seo an cuspair anns an robh an t-Abstol a' deanamh uaill.

Litrichean Alasdair Gair

Litir air a sgrìobhadh le Alasdair (Sandaidh) Gair gu caraid. Air a lorg 's air a h-eadar-theangachadh gu Gàidhlig le dithis ann an Liùrbost.

A charaid choir,

Tha mi 'm barail gu bheil luchd mo ghaoil agus mo charaidean air fad air an cur fada bhuan, agus gu bheil luchd m' eòlais gu lèir ann an dorchadas, on a tha m' anam làn thrioblaidean,

agus mo bheatha a' tarraing dlùth don uaigh – saor am measg nam marbh, air an taobh a-muigh agus air an taobh a-staigh. Air an taobh a-muigh, am measg mhinistearan marbha, èildearan marbha, luchd-aideachaidh marbh, mheadhanan is òrdaighean marbha, bhràithrean is pheathraichean marbha, luchd-eòlais marbh agus nàimhdean beò. Air an taobh a-staigh, am measg euchdan marbha, ùrnaighean marbha, miannan marbha, creideamh marbh; 's e sin ri ràdh, gaol, dòchas, eagal, maothalachd, co-fhaireachdainn, deòir, bròn, doilgheas, bàsmhorachd, meòrachadh, dearbhachd, cobhrodadh. Nis, a charaid, cho fad' 's a chì mise mar a tha mi an-dràs', 's e an fhìrinn a tha 'n sin; co-dhiù, tha mi mothachail gum feum na deuchainnean sin a bhith na mo chuibhreinn a chum mo nàdar pròiseil agus mo phròis spioradail a chumail sìos.

Tha farmad mòr aig Sàtan ri ar suidheachadh – bidh e a' gabhail ris a h-uile cothrom a chum ar sìth a bhriseadh, ar cogaisean a leòn, ar sochairean a lùghdachadh, ar gràsan a mhilleadh, ar fianaisean agus ar dearbhachdan a chur an lughad. Mura h-urrainn don t-Sàtan a' chlach-bhuinn a thogail, nì e uile dhìcheall a chum a' chlach-bharra a leagail; tha a chuid fhèin de bhuaireidhean-òir anns a h-uile h-àite; na th' aige a tha searbh, tha e ga dhèanamh milis, mar a rinn e an toiseach ann an Eden. Sguiream a-nis le òrdugh mu dheireadh ar Slànaigheir – Thoiribh an aire agus dèanaibh ùrnaigh, dèanaibh ùrnaigh agus thoiribh an aire. 'S e lathaichean

cunnartach a tha 'n seo. Tha roinnean Reubein air a chuid bhinneanan. Tha deasbadan agus argamaidean gu math teann nar latha-ne air sgàth luchd-teagaisg meallta agus luchd-leanmhainn mì-naomha; thatar a' glaodhach a-mach, agus chan ann gun adhbhar, an aghaidh luchd-teagaisg feòlmhor; ach, nach gann a bhios na deòir againn airson sealladh de Chrìosd! Nach ann ainneamh a bhios na h-ùrnaighean againn, ùrnaighean mu dheidhinn a bhith ann an staid neo-iompachta agus gun a bhith air ar suidheachadh anns an fhìonan fhìor mar gheugan torrach!

Alasdair Gair

Goillspidh,

29 Gearran 1820

A nis nuair a chì sinn Esan, a bhàsaich air ar son, chum bum biomaid beò gu sìorraidh, Esan air an d' thug a ghràdh gun choimeas snàmh tre fhairge ruaidh feirge Dhè, a dheanamh slighe na meadhan dhuinne, troimh'n rachamaid tearainte gu tìr Chanaain; an sin chì sinn ciod an neach glòrmhor a bh' annsan a dh'fhuiling seo uile air ar son-ne! Ciod an aoidheachd a bh'aige san taigh àrd! ... Nuair a bhios na naoimh air an taisbeanadh an làthair Chrìosd mar òigh gheamnaidh agus nuair a gheibh iad mar luchd-buaidh am pailme nan làmhaibh, cia aobhneachd a chuairticheas iad an altair gu saoghal nan saoghal, agus a sheinneas iad an hosanna, neo an aleluiah, mu thimcheall, a' lùbadh am pailme rithe, ag aideachadh gu bheil iad fo fhiachaibh airson gach nì don Uan a chaidh a mharbhadh agus a shaor iad le 'fhuil!

Tòmas Boston

Marbhrann air an Urr. Calum MacIllÌosa

le Niseach

Mu na leòmhnan theireadh tu,
Gur e am bàs gu cinnteach,
'S gur E Crìosd a bhris a bheul,
'S a choisinn saors' na h-oighreachd.

Dheigheadh tu cuairt don Leabhar Shailm,
Is sin gu 'n ìobairt rèite,
'S bho fhiadh na maidne nochdadh tu,
Dhuinn Crìosd air a cheusadh.

Ciùin bha thu agus sèimh,
An Seisean is an Clèire,
Dh'eireadh tu mar ghaisgeach treun,
An aghaidh na fèin-spèise.

'S ann againn bha an t-shochair mhòr,
Aig aois is òigridh Leòdhais,
Ach bhon dh'fhalbh thu tha sinn tric,
'S ar crìdhe trom fo thùirse.

Ri leantainn